

BL003-(G)-Creag na Seòmraichean

IM: Iain Mac a' Phearsain

HN: Heather Nic an Deòir

IM: Bha dà ghille ag obair còmhla ann an fearainn, their iad Sanaig ris.

HN: O 's e, uh-huh.

IM: Agus Oidhche na Callainn mar [nuair] a bha na àbhaist aig a h-uile duine...bhiodh iad a' dol chun taigh-sheinnse na b' fhaisge airs[h]on botal Nollaig fhaotainn. Agus co-dhiù, air an rathad air ais bha iad dìreach a' dol a-null chun àite their iad Creag na Seòm[b]raichean ris. A-nis, tha sin dìreach taobh thall far a bheil A' Choille a their iad ris, tha Creag na Seòm[b]raichean. Agus 's e airs[h]on seo a fhuair e an t-ainm Creag na Seòmraichean. Bha iad dìreach a' tighinn a-null Creag na Seòm[b]raichean agus o bha an t-àite fosgailte suas agus chitheadh thu a-staigh don chreag seo. Agus O bha daoine ann sithmhearaich...a' dannsa is ceòl is “Ò dìreach chum am botal” thuir aon de na...gillean na chompanach. “Chum am botal dhomh an ceartuir is tha mi a' dol a-staigh seo.” Tha iad ag ràdh gun tarraing, gu bheil feadhainn, cuid de dhaoine ann agus tha e a' tarraing [mhòr] aig an leithid sin orra. Co-dhiù, ghabh e “Ò na tig a-staigh a' sin” thuir a companach ris mar a mhandadh e, cha mhandadh e stad a chur air agus a-staigh a chaidh e. Co-dhiù, bha sin gu math agus cha robh ach an dèidh a' dol a-staigh agus dhrùin a' chreag. Chan aithneachadh tu gun robh stuth a-riamh ann. Ruig an duine dhachaidh agus bha e ag innse an naidheachd, ach bha am botal aige fhè' agus botal a' chompanach aige agus bha iad a' dèanadh a-mach a' sin gun do mharbh e, a chompanach, airs[h]on am botal dram. Agus bha iad a' dol a chrochadh dìreach...

HN: Mar shin?

IM: Bha. “Ò uill,” thuir an gille “ma bheir sibh dhomh bliadhna agus mur an till mi le mo chompanach an ceann bliadhna faodaidh tu a' sin mo chrochadh.” Bha sin gu math. D' fholbh e agus mar a b' àbhaist agus chaidh e a-null agus bha a' ghealach freagarrach, chan eil fhios 'am dè dh' fheumas a' ghealach a bhith ach bha a h-uile stuth freagarrach co-dhiù. Agus sheo agad, bha a' chreag fosgailte a-rithist agus bha iad a' smùideadh air dannsadh. Agus an trò seo thug e leis sgian air a dhèanadh le airgead agus coileach agus am Bioball. Agus chaidh e a-staigh agus thuir e ris a' chompanach, “Seo seo” thuir esan “a-mach às a' seo.” “Ò chan eil mi ach an dèidh a' chiad danns” thuir esan. Tha iad ag ràdh gu bheil an ùine...

HN: ...a' dol seachad cho clis.

IM: Tha. Tha e a' dol seachad cho clis. “Chan eil mise ach an dèidh a' chiad danns” thuir esan. “Chan eil,” “o tha”...agus ruig e air làimh agus thug e a-mach e agus lean e bha a h-uile stuth glè cheart a' sin.